

An Comunn Gàidhealach



Màrt / March 2013

An Comunn Gàidhealach, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD.

www.ancomunn.co.uk

Fòn: 01851 703 487 Post-d: marina@ancomunn.co.uk

Facal bhon Àrd Oifigear

“Am fear nach dèan cur sa Mhàrt, cha bhuain e san Fhoghar”

Tha tòrr air atharrachadh bho thòisich daoine a' cleachdadh an seann-fhacal a tha seo. Tha an aimsir air atharrachadh co dhiù. 'Be gaoth fhuar bhon Ear a choinnich sinn ann am Pàislig nuair a bha sinn aig Coinneamh Bhliadhnail a' Chomuinn agus mus robh mi a' fàgail aig deireadh na h-oidhche, bha sneachd air an talamh air feadh Pàislig agus Glaschu. Bha cùisean na bu mhiosa nas fhaide deas le rathaidean dùinte agus bataichean-aiseig air an cur dheth ann an Dùn Fris agus Gall-Ghàidhealaibh agus Èirinn a Tuath.

Thàinig atharrachadh mhòr air a' Bhuidheann againn aig a' Choinneamh Bhliadhnail seo cuideachd. Tha Tòmas agus Raonaid Mitchell air seasamh sìos bho obair A' Chomuinn Ghàidhealaich agus a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail an dèidh 47 bliadhna. Thug Ailean Caimbeul agus Iain MacLeòid taing mhòr dhaibh as leth a' Chomuinn agus chaidh tiodhlacan a thoirt seachad dhaibh. Chaidh cèilidh mì-fhoirmeil a chumail as dèidh làimh, a thug cothrom dhan a h-uile duine a bha an làthair taing phearsanta a thoirt dhaibh. Taing mhòr a-rithist dhan dithis agaibh airson a h-uile càil a tha sibh air a dhèanamh dhuinn thairis air bliadhnachan mòra.

Chaidh dèileigeadh ri obair foirmeil na coinneimh ro-làimh. Sheas Robin Banks sìos cuideachd as dèidh 50 bliadhna an sàs ann an obair A' Chomuinn aig ìre Bòrd Stiùiridh. Tha Robin cuideachd air a bhith an sàs ann am Meur an Òbain airson 57 bliadhna. Tha Robin air seirbheis mhòr a thoirt seachad agus thèid seo a chomharrachadh gu h-oifigeil aig àm a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail anns an Dàmhair.

Tha Norma Young a' gabhail àite Robin air a' Bhòrd Stiùiridh agus thathas air sireadh Stiùirichean co-thaghte airson àite Norma agus Tòmas a ghabhail agus thèid an ainmeachadh aig an ath choinneamh den Bhòrd Stiùiridh. Thèid coimhead ri Buill Chorporra a thaghadh aig an ath choinneamh den Bhòrd Stiùiridh cuideachd.

Chaidh dèiligeadh ri cùisean oifigeil na buidhne aig a' Choinneamh Bhliadhnail ann an dòigh fosgailte. Chaidh bruidhinn air ceistean co-cheangailte ri ionmhas, obair ba buidhne agus am Mòd. Bha deasbad ann air ceist am bu chòrr microphones a bhith air an cleachdadh aig farpaisean. Bha e inntinneach cluinntinn beachdan eadar-dhealaichte a thàinig bho farpaisich agus feadhainn a bhios anns an èisteachd.

Mòran taing dhuibh uile airson bh'ur taic.

Iain Moireasdan

Àrd Oifigear

Message from the Chief Executive

“Am fear nach dèan cur sa Mhàrt, cha bhuain e san Fhoghar”

I suspect that times have changed since this Gaelic proverb was commonly used. The weather certainly seems to have changed. A cold easterly wind greeted our AGM in Paisley this year and by the time I left in the late evening a dusting of snow was covering Paisley and Glasgow. Further south things were much worse with road closures and ferry cancellations in Dumfries and Galloway and Northern Ireland.

The AGM also saw a wind of change blowing through the organisation. Tom and Rachel Mitchell were honoured for the 47 years of loyal service that they have given to An Comunn Gàidhealach and the Royal National Mòd. Allan Campbell and John Macleod paid warm tributes to the loyal service provided by Rae and Tom and the evening was rounded off with a small informal ceilidh that allowed everyone to say a big thank you to the modest couple. Thank you once again for everything that you have contributed over many, many years.

Preceding the informal ceilidh, the formal business of the AGM noted the resignation of Robin Banks from the Board of Directors after 50 years of support to An Comunn at Board level. In addition, Robin has also offered 57 years of unbroken support to Comunn Gàidhealach an t-Òban. Such service deserves recognition and an appropriate platform will be provided at the Royal National Mòd in October this year.

Norma Young replaces Robin on the Board of Directors and co-opted Directors have been sought to replace Norma and Tom. These new appointments should be ratified at the next Board Meeting. Confirmation of the Corporate Observers on the Board will also feature on the agenda of the next Board meeting.

The AGM dealt with the official business of the organisation in an open manner. Questions from the floor sought explanation on aspects of the financial accounts and on organisational and Mòd matters. Free flowing debate on the use of microphones during competitions at the Royal National Mòd managed to overflow from the AGM into the informal ceilidh that followed. It was interesting to hear the differing views from ex-competitors as opposed to those who sit in the audience.

To return to the opening proverb, I have no doubt that we will have a bountiful autumn in 2013.

Thank you for your support,

*John Morrison
Chief Executive*

An Comunn Gàidhealach



Na Mìosan a tha Romhainn

Thairis air na mìosan a tha romhainn tha sinn an dòchas leasachaidhean a dhèanamh air an làrach-lìn againn; bidh sinn ag obair còmhla ri Comunn nan Còisirean gus taic a thoirt dhaibh le bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig; thèid rannsachadh neo-eisimealach a dhèanamh air Structair nam Meuran agus na Mòdan Ionadail; taic a' thoirt le ullachaidhean Mòd Nàiseanta Rìoghail 2013 agus taic a thoirt dha na Mòdan Ionadail – le airgead agus le bhith co-obrachadh le buidhnean eile.

Bidh obair Comataidh a' Mhòid a' leanntainn gach mìos, far am bidh iad a' dol thairis air farpaisean agus mar sin air adhart. Tha sinn cuideachd mothachail air an obair mhòr a tha Comataidh a' Chiùil agus na fo-chomataidhean eile a' dèanamh.

Ma bhios beachdan no gearrain sam bith ann a thaobh òrain, tha Comataidh a' Chiùil deònach beachdan sam bith fhaighinn. Tha e math beachdan ùr fhaighinn cuideachd.

Ma tha ùidh aig duine sam bith obrachadh còmhla ri Comataidh Ciùil a' Mhòid nach cuir sibh fios gu Seumas Greumach.

Foirmean-iarrtas Mòd Nàiseanta Rìoghail 2013

Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn anns na seachdainean a tha romhainn airson foirmean Mòd na bliadhna-sa. Faodar am prìnteadh agus an cur thugainn sa' phost.

Tha sinn ag ùrachadh an làrach-lìn againn an dràsta, agus bidh cothrom agaibh cuir a-steach airson farpaisean air-loidhne ann am beagan ùine cuideachd.

www.ancomunn.co.uk

Ceann-là Ùr Airson Tilleadh Duaisean a' Mhòid

Feumar duaisean a' Mhòid a thilleadh ro **Diciadain an 31mh den Iuchar 2013**.

Feuch gun dèan sibh cinnteach gu bheil iad [air an glanadh](#) agus gu bheil sibh air [ainmeanan a chur orra](#) ron cheann latha seo.

Mar sin, dèanaibh cinnteach gun till sibh iad ann an tìde, gus nach bidh briseadh-dùil aig farpaisich na bliadhna-sa!

Mòran Taing.

The Months Ahead

Over the next few months we hope to progress the upgrading of our website; work with the Association of Gaelic Choirs to support Gaelic learning amongst choristers; commission an independent review of the Branch & Provincial Mòd Structure of the organisation, support and progress the 2013 Royal National Mòd preparation and also support the work of the Provincial Mòds – both financially and by partnership working with other organisations.

The work of the Mòd Committee goes on each month with reviews of competitions and formats having been intensified over the last few months. In addition, the supreme efforts of the Music Committee and various sub-groups is acknowledged.

Where disagreements emerge regarding song arrangements the Music Committee is ever-willing to listen to these views and to bring on board newcomers who wish to see different approaches undertaken. It is always better to listen and to allow others to put a new shoulder to the wheels of the committee. Discord and harmony are conflicting emotions which often feed off one another but the eventual outcome must always be the latter.

Anyone who wishes to contribute positively to the work of the Music Committee should contact James Graham in the first instance.

Royal National Mod 2013 Entry Forms

Keep an eye on our website over the next week or two for this year's Entry Forms. You will be able to download forms directly from the website to complete and send directly to us in the post.

We are currently undergoing a website upgrade so once that is underway you will be able to enter online as well.

www.ancomunn.co.uk

New Trophy Return Deadline

Please ensure all trophies are returned to the Inverness office no later than **Wednesday 31st July 2013**.

Please ensure your trophies are returned [engraved](#) and [polished](#) by the closing date.

To avoid disappointment for new prize-winners on the day of competitions, [please](#) ensure that trophies are returned to us on time!

Thank You.

An Comunn Gàidhealach



Taing mhòr dha Tòmas agus Raonaid

Tha An Comunn Gàidhealach air taing sònraichte a-nochdadh dha dithis a tha air sàr-obair a dhèanamh dhan bhuidheann, nuair a sheas Tòmas agus Raonaid sìos as dèidh 47 bliadhna an sàs ann an obair a' Chomuinn agus na Mòdan.

Tha Tòmas agus Raonaid air obair mhòr a dhèanamh aig na Mòdan thairis air na bliadhnaichean agus chòrd an obair seo riutha gu mòr. Rinn iad mòran charaidean agus tha iad fhèin a-nis nan caraidean aig tòrr de mhuinntir a' Mhòid. Tha am Mòd air a bhith na phàirt mhòr dem beatha agus tha iad fhèin air a bhith, agus bidh iad, nam pàirt mhòr den Chomunn Gàidhealach. Bu chòrr dhaibh a bhith air am moladh airson an dìcheall thairis air na bliadhnaichean.

Tha iad eòlach air a' chuid as motha de dhaoine a bhios a' frithealadh na Mòdan agus 'se àite gu math eadar-dhealaichte a bhios anns gun Tòmas agus Raonaid a' cur fàilte aig na farpaisean! Faodaidh iad a-nis beagan fois a ghabhail agus suidhe anns an èisteachd 's iad a tha airidh air!

Tha sinn cuideachd airson taing mhòr a thoirt dhan teaghlach aca, a bhios cuideachd a' tighinn gu na Mòdan gach bliadhna agus a' cuideachadh ann an iomadach dòigh, le bhith a' reic ticeadan, a' draibhaigeadh briteamhan a' Mhòid eadar farpaisean no sgioblachadh oifis a' Mhòid air falbh aig deireadh na seachdain!

Tha Bòrd Stiùiridh agus Luchd-obrach a' Chomuinn airson taing mhòr a thoirt dhuibh airson na tha sibh air a dhèanamh dhuinn. Chan ann a-mhàin aig ìre profeseanta ach pearsanta cuideachd. Bidh am Mòd gu math eadar-dhealaichte... ach tha sinn cinnteach nach bidh sibh fada air falbh airson na h-òrdughan a thoirt dhuinn! Chun an uairsin ge ta, mòran taing, tha spies mhòr againn dhan dithis agaibh agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' frithealadh oirbh ann am Pàislig!

A Special Thank You for a Truly Special Couple



An Comunn Gàidhealach waved goodbye to a very special couple at the recent AGM when Tom and Rae Mitchell stood down after many years of service for An Comunn Gàidhealach, at Local and National level, 47 years to be precise.

Tom and Rae have worked tirelessly over the years at the Mods and have loved doing so. They have made many wonderful friends along the way. The Mod and An Comunn have been a big part of their lives as indeed they themselves have been and always will be a big part of An Comunn Gàidhealach. They are to be commended for all their hard work and dedication over all these years.

There are very few Mod goers who the couple did not know, no matter where the location and to many, the Mod will be very different indeed without Tom and Rae there to greet them! Tom and Rae will now settle for relaxing and enjoying the Mod as members of the audience instead – they have certainly earned it!

We would also like to thank their children and grand-children, who attend the Mod each year and help out as well, be it with selling tickets, driving Mod Adjudicators to competition venues or with packing up the office at the end of the week! Their generosity and good humour is a true testimony to their wonderful parents.

The Board Members and Staff of An Comunn Gàidhealach cannot thank them enough for all they have done. They are dear friends to us all and we will miss working with them. The Mod will not be the same without them... we are sure they will appear at some point though to give us our orders!

Until then though, thank you and we look forward to showing you to your seats in Paisley!



Na buinn òr a-chaidh a thoirt dha Tom & Raonaid.

Pictured:

An Comunn Gàidhealach presented Tom and Rae with specially commissioned Gold medals, which were created by Margaret King, the Jeweller who supplies the Mod Gold Medals each year. The Medals are beautiful and Tom and Rae were delighted with their gifts!

An Comunn Gàidhealach



Dealbhan bhon oidhche / photographs from the evening...



Gu h-àrd / Pictured above: Tom & Rachel along with their son Tom Jnr. and their daughter-in-law, Pamela.

Cuideachd chithear feadhainn de na seinneadairean / luchd-ciùil a ghabh pàirt 's a' chèilidh dha Tòmas & Raonaid / Also pictured are some of the artistes who provided the entertainment for Tom & Rachel, including The RJ's Choir from Paisley, conducted by Alison Buchanan, Donald Black, James Graham, Janet Macdonald, Charlie MacColl, Mischa MacPherson & Sally Simpson. Mòran taing dhuibh uile / A big thank you to you all for participating in the cèilidh for Tom & Rachel – chord e riutha gu mòr – they loved it!



An Comunn Gàidhealach



Tòmas & Raonaid...
Bhon a h-uile duin' againn aig a' Chomunn Gàidhealach...
Mòran taing! / A big thank you and see you soon!

"Mairidh Gaol is Ceòl"

AM MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL



An Comunn Gàidhealach



Mòd Ionadail Phol Iù

20mh Sultain 2013
Pol Iù

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh aig:
<http://www.acgmod.org/localmods/detail/wester-ross>

Poolewe Provincial Mod

20th September 2013
Poolewe

For further information visit:
<http://www.acgmod.org/localmods/detail/wester-ross>

Tillibh Duaisean Mòd Ionadail Uibhist

Feumar duaisean a' Mhòd Ionadail a thilleadh thugainn ro Diciadain an 1mh den Chèitean 2013, gu Ionad Fàilteachas Sgoil Lìonacleit.

Faodar cuideachd an tilleadh gu buill a' Chomataidh.

Mòran taing!

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/uist>

Return of Uist Provincial Mod Trophies

All trophies and shields must be returned (engraved) by Wednesday 1st May 2013 to the reception desk at Sgoil Lionacleit.

You may also return them to a committee member.

Mòran taing!

<http://www.acgmod.org/localmods/detail/uist>

Coinneamh Mòd nan Eilean Siar 2016

Diardaoin 18 Giblean
5.30f
Comhairle nan Eilean Siar

Ma tha ùidh agaibh a thighinn air a' Chomataidh Ionadail nach tig sibh ann!

01851 703 487

Mòd nan Eilean Siar 2016 Meeting

Thursday 18th April
7.30pm
Comhairle nan Eilean Siar

If you are interested in getting involved in the Local Committee, come along!

01851 703 487

Club 400 Inbhir Nis

Seo an fheadhainn a fhuair na duaisean mu dheireadh:

£250 Marlene Yule, Inbhir Nis
£100 Pat Mhoireasdan, Banbh
£50 Roy Pedersen, Inbhir Nis

Inverness 400 Club

The results of the most recent draw are:

£250 Marlene Yule, Inverness
£100 Pat Morrison, Banff
£50 Roy Pedersen, Inverness



Tha An Comunn air sùil a thoirt air Clàr-Farpaisean a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail agus air na leasachaidhean a leanas a dhèanamh airson Mòd na bliadhna-sa.

An Comunn Gàidhealach has made the following amendments to the Royal National Mod Syllabus which will apply to this year's Mod.

Thèid na farpaisean a leanas a thoirt a-mach / The following competitions will be removed:

- C47 (Conversation Learners 9-10 years)
- C47A (Conversation Learners 11-12 years)
- C48 (Storytelling Learners 9-10 years)
- C48A (Storytelling Learners 11-12 years)
- C50 (Bible Reading Learners 9-10 years)
- C50A (Bible Reading Learners 11-12 years)
- C82 (Keyboard Open Under 13 years)
- C117 (Keyboard Open 13-18 years)
- C154 (Art Poster Open 16-18 years)
- C170B (Action Song Open Under 19 Years)
- A201 (Recitation, Competitor's Choice, Senior Learners)
- A202 (Reading Senior Learners)
- A203 (Speech Senior Learners)
- A207 (Recitation, Poetry Composed by Competitor, Senior Fluent)
- A208 (Ancient Folk Tale Senior Fluent)
- A209 (Speech Senior Fluent)

Thèid na farpaisean seo a chur còmhla / The following competitions will be merged into one competition:

- C24 (Conversation Learners 5-6 years) & C24A (Conversation Learners 7-8 years) will become: C24 (Conversation Learners 5-8 years)
- C25 (Storytelling Learners 5-6 years) & C25A (Storytelling Learners 7-8 years) will become: C25 (Storytelling Learners 5-8 years)
- C39 (Ancient Folk Tale Fluent 9-10 years) & C39A (Ancient Folk Tale Fluent 11-12 years) will become: C39 (Ancient Folk Tale Fluent 9-12 years)
- C43 (Bible Reading Fluent 9-10 years) & C43A (Bible Reading Fluent 11-12 years) will become: C43 (Bible Reading Open 9-12 years)
- C139 (Ancient Folk Tale Fluent 16-18 years), C141 (Storytelling Fluent 16-18 years) and C149 (Storytelling Learners 16-18 years) will become: C141 (Storytelling Open 16-18 years)
- C140 (Understanding Fluent 16-18 years) & C148 (Understanding Learners 16-18 years) will become: C140 (Understanding Open 16-18 years)
- C143 (Conversation Fluent 16-18 years) & C151 (Conversation Learners 16-18 years) will become: C143 (Conversation Open 16-18 years)

Thèid na farpaisean ùr seo a chur ris a' Chlàr / The following competitions will be introduced to the syllabus:

- C178A Accordion (Piano or 3/4/5 row button instrument with Stradella bass) Play a selection of contemporary traditional tunes. Own Choice.
- C180 Waulking (Singing waulking song of own choice. Group must consist of at least 7 persons. Time allocated 10 minutes (this includes setting-up time)).
- C181 New Waulking Song New Gaelic waulking song, put to music. (More than one person may be involved in this work.) Please submit a copy of written music or a CD of the music **and** written words.

Please click on the following link to view all this year's competitions. Please ensure you refer to the Rules of the competitions, as there may be amendments which apply to your competitions:

www.acgmod.org/nationalmod/rules

An Comunn Gàidhealach



Cèartachadh air Òrain Ainmichte 2013 / Changes to 2013 Prescribed Pieces

Tha Comataidh a' Mhòid air atharrachaidhean a dhèanamh anns na h-Òrain Ainmichte a leanas. Feumar cumail ris na h-atharrachaidhean seo. Ma tha ceist sam bith agaibh cuiribh fios thugainn.

The Mod Music Committee have issued changes to the following competition pieces. The changes should be adhered to for all these pieces. If you have any queries, please contact James Graham: james@ancomunn.co.uk or 01463 709 705.

A300-An Dubh-Ghleannach

Bar 45-Words in bass part should be as tenor part.

A302-Eilean mo chrìdh'

Bar 36, word should be 'thall' and not 'ann'

A303-Och nan och 's mi fo làireadh

First note in the soprano's part should be an E flat, not an F.

Bar 39: Sop and Alto parts should sing 'lail o ho' and not 'fail o ho'.

Bar 50: 'Hù o ro ho io', not '...a o ro ho io'

Bar 52: Word on first note is 'ho', not 'o'

Bar 54: Word on first note is 'ho', not 'hi'

Bar 78- should be 'mhuir na mill' rather than 'muir na mhill'.

Bar 104: 'lail o ho', not 'fail'

Bar 106-the word in bass part should be, làireadh' and not 'leiridh'

306-Haoidealán dubh

Bar 44-The word 'Tha' is missing in alto part (on the last quaver).

A308-Puirt

Tha bean agam-bar 124 (bar 20 in booklet), tenor and bass should read; 'thug' instead of 'thig'.

Tha bean agam-bar 112 & 148 (8 & 44 in booklet), the crotchet and quaver on the word 'salach' should be the other way around, in all parts.

Tha bean agam-bar 148-error in Soprano: should be C sharp (t) not C natural (ta)

Tha bean agam- bar 161 (bar 57 in booklet), the soprano part should read; 'lèine gheal' instead of 'Dè nì mi'.

C78 Ruidhlidh na coilich dhubha

Verse 2 should read:

Ma phòsas Annag an-diugh

Pòsaidh gach uile tè

Ma phòsas Annag an-diugh

Sgaradh air an t-seana bhean

A306, Och nan och 's mi fo làireadh

In bar 31, Alto line, the the vocable 'Hur-a' should be 'Hiu-ra'.

C78 Gille-Calum (Danns' a' chladheimh)

The solfa in the first two bars of line two (bar 5 & 6) should read: r, ta, s, f, r, ta

Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh sam bith againn mu na farpaisean
Keep an eye on our website for any new information about competitions:

www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/changes-to-prescribed-pieces

An Comunn Gàidhealach



Mòd Nàiseanta Rìoghail 2013

Farpais Òran Ùr
New Song Competition

COMPOSE A NEW GAELIC SONG

1st Prize | £200

Entry Deadline 31 May 2013

Tuilleadh fiosrachadh | *Further Information:*

marina@ancomunn.co.uk
www.ancomunn.co.uk

REGISTERED CHARITY NUMBER: SC001282

An Comunn Gàidhealach



BEINN SEAN AIR GRANDFATHER MOUNTAIN GAELIC SONG & LANGUAGE WEEK

Tha An Comunn Gàidhealach Ameireaga a' toirt thugaibh an 15mh Seachdain Cànan agus Òrain Ghàidhlig ann an Grandfather Mountain, eadar an 7mh agus an 12mh den Iuchar 2013, aig Collaiste Lees-McRae, Banner Elk, NC. A' teagasg clasaichean eadar-mheadhanach am bliadhna bidh Seumas Greumach agus Kirsteen NicDhòmhnaill. Bidh an Dtr Seumas Dòmhnallach, aon den fheadhainn a chur an Fhèis seo air bhog, a' teagasg clasaichean luchd-ionnsachaidh.

Bidh na clasaichean fosgailte dha luchd-ionnsachaidh agus daoine nas adhartache, mar sin bidh spòrs ann dhan a h-uile duine. Gach feasgair bidh tachartasan eadar-dhealaichte mar bùthan-obrach agus tursan suas gu Beanntan Dhruim Ghorm.

Ma bhios duine sam bith airson fuireach ris na Geamaichean Gàidhealach an ath sheachdain a-rithist, bidh gu leòr Gàidhlig agus òrain rin chluinntin anns an Teant Ghàidhlig.

Thèid an 17mh Mòd Ionadail a chumail ann an Carolina a Tuath air an Disathairne. 'Se farpais òrain Gàidhlig a tha seo agus tha e fosgailte dha duine sam bith. Gheibhear tuilleadh fiosrachadh aig:

<http://www.acgamerica.org/events/grandfather-mountain>.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh mun t-Seachdain Gàidhlig bhon Dtr. Seumas Dòmhnallach aig 902-386-2072 no John Grimaldi aig 917-756-3643. Cuiribh post-d gu: gaelteach@gmail.com no ianmartainn@aol.com



Gaelic Song & Language Week, Grandfather Mountain

An Comunn Gàidhealach Ameireaganach (The American Scottish Gaelic Society, ACGA) brings you the 15th Annual Grandfather Mountain Gaelic Song and Language Week, July 7-12, 2013, at Lees-McRae

College, Banner Elk, NC. This year will feature three distinguished Gaelic Instructors for a week of educational and fun-filled classes. James Graham and Kirsteen MacDonald are both Royal National Mòd gold medal winners. They will be teaching the intermediate and advanced classes. Dr. Jamie MacDonald, who was instrumental in founding the Grandfather Mountain Gaelic Song and Language Week and the NC Provincial Mòd, will be teaching the beginners' classes.

Gaelic song and language classes will range from absolute beginners to advanced, so everyone can join in the fun. Every afternoon there will be additional activities, such as special topic workshops and hikes along the beautiful Blue Ridge Mountain Trails.

For those who choose to stay on for the Grandfather Mountain Highland Games the following weekend, there will be plenty of Gaelic heard at the Gaelic Tent, including the Gaelic sing-alongs. The 17th Annual North Carolina Provincial Gaelic Mòd will be held Saturday afternoon. The Mod is a Gaelic song competition that is open for anyone who wishes to take part.


More detailed information, including cost and registration form, will be available soon at

<http://www.acgamerica.org/events/grandfather-mountain/>

To find out more about the Gaelic Week, you can contact Dr. Jamie MacDonald at 902-386-2072 or John Grimaldi at 917-756-3643.

You may also contact us by email at gaelteach@gmail.com or ianmartainn@aol.com Please join us!

Bidh Seumas Greumach, Kirsteen NicDhòmhnaill agus an Dtr. Seumas Dòmhnallach a' teagasg air Fèis na bliadhna seo.



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn!

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch!

marina@ancomunn.co.uk 01851 703 487

An Comunn Gàidhealach



Mòd Ionadail Dhùn Èideann
Edinburgh Local Mod
2013

SYLLABUS



Disathairne 13 Giblean / Saturday 13th April 2013
Commencing 9.00am

Àrd Sgoil Liberton, Rathad Gilmerton, Dùn Èideann EH17 7PT
Liberton High School, Gilmerton Road, Edinburgh

Tiocaid fad an là (le prògram). Clann an-asgaidh
Adult Day Ticket £3 (includes programme). Children free.

WWW.EDINBURGHLOCALMOD.CO.UK

An Comunn Gàidhealach



Murt aig an t-Sabhal Mhòr!

Airson a' chiad uair riamh bidh cothrom aig daoine a dhol an sàs ann an deireadh-seachdain de dhìomhaireachd agus murt mas fhìor ann an Gàidhlig. Mar phàirt den bhliadhna far a bheil Sabhal Mòr Ostaig a' comharrachadh gur e 40 bliadhna bhon a chaidh a' cholaiste a stèidheachadh, agus mar phàirt de chùrsaichean goirid na colaiste, faodaidh daoine tighinn gu banais aig a' cholaiste – banais far a bheil cùis-uabhais gu bhith ann.

Le 'Murt aig a' Bhanais' bidh dà latha làn dibhearsain sa Ghàidhlig aig daoine, far am bi pòsadh, dràma, seinn, fealla-dhà agus gaireasachadh gu leòr ann! Bidh sgioba beag de chleasaichean ùra ann a bharrachd air duine no dithis a tha nas aithnichte, ach 's ann an urra ris na h-aoghean aig a' bhanais a bhios e obrachadh a-mach cò rinn am murt?

Thèid an tachartas a chumail eadar 5-6 Giblean, agus tòisichidh cùisean oidhche Haoine (5 Giblean) aig 6.30f le fàilte agus clàradh, agus gheibh daoine fiosrachadh mu mar a tha an deireadh-seachdain a' dol a dh'obrachadh, agus cothrom coinneachadh ri daoine mus gabh iad dinnear. Bidh dinnear ann aig 7f agus an uair sin bidh 'oidhche nan damh is nan cearc' ann. Leanaidh cùisean Disathairne leis a' phòsadh fhèin agus bidh buffet agus cèilidh na bainnse ann air an oidhche far an tig cùisean gu crìch ann an iomadach dòigh!

Tha an tachartas freagarrach do luchd-ionnsachaidh agus fileantaich, oir bidh cothroman ann do luchd-ionnsachaidh is luchd-tòiseachaidh pàirt a ghabhail ann an cùisean is tuigse fhaighinn air na tha dol air adhart. Ach mar as motha de Ghàidhlig a th' aig daoine, 's ann as fheàrr a chòrdas cùisean riutha agus iad comasach air barrachd pàirt a ghabhail anns na tha tachairt. Cuideachd, chan fheum eòlas a bhith aig daoine air dràma no cleasachd, ach ma tha daoine ag iarraidh pàirt beag a ghabhail san dràma, faodaidh iad bruidhinn ri sgioba nan Cùrsaichean Goirid ro làimh. Agus ged nach fheum daoine seo a dhèanamh, bhiodh e glè mhath nam b' urrainn dha na h-aoghean aodach freagarrach a chur orra airson na bainnse.

Cosgaidh an deireadh-seachdain £45 airson daoine nach fheum àite-fuirich aig Sabhal Mòr Ostaig, no £95 do dhaoine a tha feumach air àite-fuirich aig SMO. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun deireadh-sheachdain aig www.smo.uhi.ac.uk

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho / For further information please contact:

Elsie NicIlleathain:

Post-d: en.smo@uhi.ac.uk

Fòn: 01471 888219 no 01463 795300



Murder most foul at Sabhal Mòr Ostaig!

Sabhal Mòr Ostaig is to stage the first ever murder mystery weekend in Gaelic as part of its 40th Anniversary celebrations. Taking place on the 5-6 April this year, and as part of the Gaelic college's Short Courses' programme, guests are being invited to the 'wedding of the year' at the college – a wedding where joy is set to turn to horror as a murder mystery unfolds.

The event, 'That Wedding was Murder!', will include two fun-filled days in Gaelic with a wedding as the central theme, and which will include drama, song, wit, entertainment and a couple of shocks along the way. There will be a small cast of budding actors and some well known faces participating in proceedings, however, it will be up to the wedding guests to observe and work out 'whodunit?'

The weekend will begin on Friday (5 April) night at 6.30pm with a welcome and registration where guests will find out how the event is going to work and they will be given the chance to meet with other guests before dinner. Dinner will be served at 7pm followed by the Stag and Hen nights. Then on Saturday guests will attend the wedding ceremony and the night-time buffet and wedding cèilidh, where all will be revealed in a dramatic climax!

The weekend is suitable for both Gaelic learners and fluent speakers, as learners and beginners will be given the chance to take part in and to gain an understanding of what is happening as the event progresses. However, the more Gaelic people have, the better they will enjoy the two days as they will be able to more fully participate in the drama as it unfolds. No drama skills are required, however, anyone wishing to take a small part in the performances can contact the Short Courses beforehand. Also although not a requirement, people are encouraged to dress for the wedding to add to the atmosphere.

The weekend costs £95 for people who require accommodation at Sabhal Mòr Ostaig and £45 for those who do not. More information about the weekend can be found under Short Courses at www.smo.uhi.ac.uk

ÀRAINNEACHD, CÀNAN IS DUALCHAS

CÙRSA ÙR MU ÀRAINNEACHD
NA GÀIDHEALTACHD
TRO SHÙILEAN NAN GÀIDHEAL
AIR A LÌBHRIGEADH TRON GHÀIDHLIG
AN TAOBH SEAR, AN T-EILEAN SGITHEANACH 15-26 IUCHAR 2013

Cùrsa 10 latha, air a libhrigeadh le Ruairidh MacIlleathain, le taic bho Shine Ghilleasbuig agus Dùghall Ros.

Clasaichean ann an Ionad Columba 1400, Stafainn, agus a-muigh air chuairt anns an Eilean Sgitheanach. Àiteachan-fuirich anns an Taobh Sear. Cosgais airson a' chùrsa, leabaibh is braicist agus dinnear £350.

Diluain gu Dihaoine 15-19, agus 22-26 Iuchar 2013.

Cuspairean: briathrachas na Gàidhlig airson diofar àrainnean, lusan is ainmhidhean, ainmean-àite, creagan is fosailean, aimsir, beul-aithris co-cheangailte ri nàdar, cleachdaidhean traidiseanta, brosnachadh nan ceanglaichean eadar a' Ghàidhlig agus an àrainneachd.

Feumaidh gach oileanach a bhith fileanta ann an Gàidhlig.

Tha sinn a' coimhead airson oileanaich a tha ag amas air a bhith ag obair anns a' choimhearsnachd no gu dreuchdail, a' cleachdadh an cuid eòlais air a' bhlàr a-muigh no co-cheangailte ris an àrainneachd – mar eisimpleir, mar luchd-teagaisg, luchd-treòrachaidh, maoir-dùthcha, oifigearan àrainneachd no bith-iomadachd, luchd-turasachd, luchd-ealain, sgrìobhadairean no craoladairean.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu Sìne Ghilleasbuig air sineg@cnaig.org; no fònaibh gu 01470 562325.

Ceann-latha airson tagraidhean: 15 Giblean 2013



Cùrsa Ùr Arainneachd

Thèid cùrsa Gàidhlig ùr-nodha mun àireannachd a chumail mar phròiseact pileat as t-samhradh sa tighinn. Tha dùil gun toir an cùrsa sgilean is misneachd a bharrachd do dh'fhileantaich a bhith a' teagasg mun àrainneachd tron chànan aca fhèin. Bidh Àrainneachd, Cànan is Dualchas a' ruith airson deich latha, agus gabhaidh e a-steach an dà chuid, obair a-staigh agus cuairtean a-muigh. Bidh e stèidhichte anns an Taobh Sear ann an ceann a tuath an Eilein Sgitheanaich.

Bidh an cùrsa practaigeach seach acadamaigeach, agus bidh e a' cuimseachadh air an t-sealladh Ghàidhealach air an àrainneachd. Bheir e a-staigh ainmean lusan, ainmhidhean is eile, ainmean-àite, ainmeachadh àrainnean is fearitean tìre, aimsir, ràithean, cleachdaidhean traidiseanta agus eileamaidean de dh'èolas nàdair san fharsaingeachd.

Bithear a' toirt sùil mhòr air mar a bheir beul-aithris, seanfhaclan is litreachas Gàidhlig taic dhuinn ann a bhith a' tuigsinn àrainneachd na h-Alba. Ged a bhios an cùrsa stèidhichte anns an Eilean Sgitheanach, 's e sealladh nàiseanta a gheibhear, gus am bi oileanaich à àite sam bith ann an Alba comasach air na dh'ionnsaicheas iad a chur an sàs anns an t-suidheachadh aca fhèin.

New Environment Course

A groundbreaking new Gaelic environment course is to be piloted this summer, giving fluent speakers the skills and confidence which will allow them to interpret the Scottish environment through their own language. Àrainneachd, Cànan is Dualchas ('Environment, Language and Heritage') is a ten-day course, consisting of both classroom work and excursions, and will be based in Staffin on the Isle of Skye.

The course, which will be vocational rather than academic in its approach, will concentrate on the Gaelic view of the environment and will include study of species names, place-names, habitat and landscape description, weather, seasons, traditional usages of various species and elements of general natural history. There will be an emphasis on how Gaelic oral tradition, proverbs and literature assist in the interpretation of the Scottish environment.

For further information, please contact Roddy Maclean on roddy@culcabockpublishing.co.uk / phone 01463 220954/07546 261433.



An Comunn Gàidhealach



An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhaigh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705.
Post-d: rena@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD
Telephone: 01851 703 487
Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Telephone: 01463 709 705.
Email: rena@ancomunn.co.uk

Dè tha dol agaibh?

A bheil tachartasan no naidheachdan sam bith aig a' Chomataidh, Còisir no aig a' bhuidhean agaibh, a bhiodh sibh airson a chur dhan chuairt-litir seo?

Ma tha, cuiribh an fhiosrachadh gu:
marina@ancomunn.co.uk
no cuiribh fòn air 01851 703 487.

What's on?

Does your Committee, Choir or Group have any coming events or any news you may wish us to publish in this newsletter?

If so, please forward any information to:
marina@ancomunn.co.uk
or telephone 01851 703 487.

www.ancomunn.co.uk

Taing mhòr dhan a h-uile duine a chuir fiosrachadh thugainn airson na cuairt-litreach seo.

Many thanks to all those who have contributed to this newsletter.